

Bòrd na Gàidhlig
Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird
An Taigh-òsta Moorings
Diluain 02/10/17 13:00 – 16:30

Buill

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) (AD)
Dòmhnall MacLeòid (DML)
Seumas Whannel (SW)
Jennifer Gilmour (JG)
Fiona Dunn (FD)
Màiri Anna NicUalraig (MNU)
Ailean Caimbeul (AC)
Màiri NicAonghais (MNA)
Joy Dunlop (JD)

A' Frithealadh:

Shona NicIllinnein (Ceannard) (SNI)
Daibhidh Boag (DB)
Mona Wilson (MW)
Cairistiona Stiùbhart
(Geàrr-chunntas)

1 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh agus dh'fhaighnich e an robh gin a leisgeulan ann. Chaidh leisgeul a chlàradh bho Dhòmhnall MacSuain. Cuideachd, chaidh leisgeul a chlàradh às leth Johan Nic a' Ghobhainn airson a' phàirt seo den choinneimh, ach bha i gu bhith an làthair airson a' phàirt den choinneimh a dheigheadh a chumail air làrna-mhàireach (3 Dàmhair).

a) A' NOCHDADH COM-PÀIRT

Chaidh na com-pàirtean a leanas a chlàradh:

AC – An Comunn Gàidhealach (3 PT5)

DML – CNES

JD – Sabhal Mòr Ostaig

SW – SMO/Oilthigh Dhùn Èideann

FD – Oilthigh Ghlaschu

MNA - Cnoc Soilleir – mar phàirt de Cholaiste a' Chaisteil (Puing 3 PT1)

b) GEÀRR-CHUNNTASAN NAN COINNEAMHAN 14-06-17 & 09-08-17

Chaidh gabhail ris na geàrr-chunntasan leis an tuigse gun deigheadh atharrachadh a thoirt air a' Gheàrr-chunntas airson 14-06-17

c) CÙISEAN A THOG CEANN

Gnìomh 2 – Thèid pàipear ullachadh a thaobh a bhith a' cumail choinneamhan gu poblach agus gheibh a' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh cothrom bruidhinn air a' phàipear sin nuair a tha e deiseil agus an uair sin thèid am pàipear a chur air beulaibh an làn Bhùird airson beachdachadh air.

Gnìomh 4 – Thèid molaidhean a thaobh atharraichean air siostam nan tabhartasan a chur air beulaibh na Buidheann-obrach Riaghlaidh far an tèid bruidhinn orra mus tèid molaidhean a chur air beulaibh a' Bhùird.

Dh'fhàg DML a' choinneamh

Gnìomh 4 (PT2) – Fhuaras fiosrachadh mun àireimh de luchd-ionnsachaidh a tha a' dol gu clasaichean ann an sgìre CNES, ach cha robh a h-uile duine a' cur crìoch air na clasaichean sin.

Thill DML chun na coinneimh

Gnìomh 5 PT3 – Bha DB air bruidhinn ris na buidhnean eile a bha a' cleachdadh oifisean san Làrnaig agus dh'fhaighnich e dhiubh dè bha iad airson a dhèanamh. Tha BnG air aontachadh màl a phàigheadh gu deireadh na bliadhna ionmhais seo.

Chaidh ceisteachan a sgaoileadh do dhaoine a tha a' cleachdadh an togalaich agus gabhar ealla ris na freagairtean a gheibhear nuair a thèid beachdachadh air an ath cheum. Thèid coinneamh a chur air dòigh às dèidh a' Mhòid gus bruidhinn air an t-slighe air adhart

2 TABHARTASAN

a) IARRTASAN AIRSON MAOINEACHADH GLAIF £40,000+

PT1 1718/360 – Goireasan Tobar an Dualchais
102021]

Dh'fhàg SW a' choinneamh
£10k [Loidhne Buidseat:

PT2 1718/355 – Doras a-steach gu TAD
102021]

£10k [Loidhne Buidseat:

Thuirt DB gun robh Tobar an Dualchais air iarrtas a chur a-steach airson maoinachadh a bharrachd mar thaic don làrach-lìn aca agus gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air; cuideachd bha Sabhal Mòr Ostaig a' cur a-steach airson tuilleadh maoinachaidh mar thaic don phròiseact feuch am biodh e na chuideachadh do na h-oileanaich is na h-oidean aca agus do dhaoine a tha aig diofar ìrean de dh'fhileantas sa Ghàidhlig.

Bhruidhinn na Buill air na h-iarrtasan agus chaidh a ràdh gun robh e gu tric doirbh stuthan a lorg air na làraich-lìn aig Tobar an Dualchais (TAD), agus chaidh a mholadh gum faodadh luchd-obrach TAD tadhal air làraich eile gus sealltainn dhaibh mar a tha na goireasan rannsachaidh acasan ag obrachadh no gun gabhadh bhidio a chruthachadh gus mìneachadh mionaideach a thoirt do dhaoine air mar a nì iad rannsachadh air an làrach-lìn.

Bu chòir na goireasan bhon dà phròiseact a bhith rim faotainn air na làraich-lìn aig TAD is SMO feuch am faigh oileanaich, oidean agus am mòr-shluagh cothrom orra gu furasta.

Chaidh aontachadh ris a' mhaoineachadh, agus dh'iarr na Buill gun deigheadh iarraidh air TAD tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad a thaobh na tha an lùib na h-obrach aca.

Dh'fhaodar iarraidh air TAD taisbeanadh a dhèanamh don Bhòrd air an obair aca.

Thill SW chun na coinneimh
Thàinig Joy Dunlop a-steach chun na coinneamh aig an àm seo

3 LEASACHADH NA GÀIDHLIG

a) PLANAICHEAN

PT1 TAIGHEAN-TASGAIDH NÀISEANTA NA H-ALBA (an dàrna eagra)

Mhìnich DB gur e seo an dàrna eagra den Phlana aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, bha iad air amasan caran ro àrd a stèidheachadh sa chiad Phlana ach bha iad air leasan ionnsachadh bhon sin. Chaidh bruidhinn riutha mu mar a b' urrainn dhaibh barrachd adhartais a dhèanamh san ùine air thoiseach agus mu mar a bhiodh e na chuideachadh dhaibh nan obraicheadh iad còmhla ri buidhnean eile.

Faodaidh iad cuideachd taic fhaighinn tro GhLAIF. Gu ruige seo bha iad air a bhith cleachdte ri bhith ag obair le nithean a ghabhas làimhseachadh a bhuineas ri dualchas cultarach, an àite daoine agus cànan, ach bha iad ag atharrachadh nan dòighean-obrach aca agus bha barrachd roinnean an sàs ann a bhith a' toirt a' Phlana gu buil.

Chuir na Buill aonta ris a' Phlana.

a) **PLANAICHEAN**

PT2 sportscotland (a' chiad eagra)

Thuir DB gun robh a' chiad Phlana aig **sportscotland** math agus gun robh comharran follaiseach ann gun robhar ga chur an gnìomh. Chaidh aithris gun robh deagh dhàimh obrach eadar a' bhuidheann agus BnG.

Chuir na Buill aonta ris a' Phlana.

PT3 ÙGH DARRAS PÀIRC NÀISEANTA LOCH LAOMAINN IS NAN TRÒISICHEAN (an dàrna eagra)

Thuir DB gun robh cumhachdan nach beag aig a' bhuidhinn seo san sgìre aca a thaobh taigheadais, fearainn agus chosnaidhean. Bha iad gu math mothachail air a' Ghàidhlig agus a cultar agus bidh mìos na Gàidhlig aca a h-uile bliadhna far a bheil iad a' comharrachadh luach is àite a' chàinain san sgìre. Bha am Plana seo air a dheagh dhealbh agus iad a' comharrachadh amasan mu choinneamh nan goireasan is an ionmhais aca. Bha e follaiseach gun do rinn iad adhartas.

Chuir na Buill aonta ris a' Phlana.

Dh'fhàg JD is SW a' choinneamh

PT4 SABHAL MÒR OSTAIG (an dàrna eagra)

Thuir DB gur e Plana math is làidir a bha seo. Tha barrachd aire air a thoirt a-nise do mar a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh agus bha e inntinneach a bhith a' faicinn an adhartais a rinneadh bhon Phlana mu dheireadh. Bha cothrom aig luchd-obrach aig nach robh Gàidhlig air trèanadh agus bha siostam charaidean càinain ann airson luchd-ionnsachaidh a chuideachadh.

Mhol na Buill am Plana agus thuir iad gum bu chòir feadhainn de na sàr mhodhan-obrach bhon Phlana a chuirteachadh am measg cholaistean is bhuidhnean eile.

Chaidh aonta a chur ris a' Phlana.

PT5 COMHAIRLE SIORRACHD RINN FRIÙ AN EAR

[Chaidh coimhead ris am Plana seo air darna latha den choinneamh]

Chaidh aontachadh dàil a chuir air beachdachadh mun Phlana seo.

Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach uile a bhios ag obair air Planaichean airson na h-obrach ionmholta a rinn iad. Thuir e cuideachd gum biodh a' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh a' beachdachadh air mar a thathar a' dèiligeadh ri Planaichean agus air na tha de dh'obair an lùib siostam nam Planaichean. Dheigheadh pàipear ullachadh agus a chur air beulaibh a' Bhùird.

3b) BUIDHNEAN ÙRA DHA BHEILEAR A' MOLADH FIOS A CHUR GUS PLANA GÀIDHLIG ULLACHADH

Chaidh a mholadh le Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig gun tèid fios a chur gu Iomairt na h-Alba agus Coimisean Fearainn na h-Alba gus Plana Gàidhlig ullachadh.

Bhruidhinn na Buill air seo agus chaidh aontachadh fios a chur thuca.

Thuirtear DB gun robh e aig coinneamh far an do choinnich e ri riochdairean bho chompanaidhean prìobhaideach a bha air ùidh a shealltainn ann a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig gu saor-thoileach. Dh'aontaich na Buill gun toireadh sin togail do dh'iomairt a' chànain agus gun cuidicheadh e le bhith a' sealltainn gun urrainn don Ghàidhlig buaidh a thoirt air eaconamaidh nan sgìrean dùthchail. Dh'iarr iad air DB leantainn air leis na còmhraidhean leis na companaidhean sin.

Chaidh a mholadh gum bu chòir iarraidh air BBC Alba agus MGAlba Plana Gàidhlig ullachadh, agus thogar a' cheist am bu chòir do BhnG Plana ullachadh – bruidhnidh a' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh mun cheist sin.

3b) BUIDHNEAN ÙRA DHA BHEILEAR A' MOLADH FIOS A CHUR GUS PLANA GÀIDHLIG ULLACHADH

Chaidh a mholadh le Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig gun tèid fios a chur gu Iomairt na h-Alba agus Coimisean Fearainn na h-Alba gus Plana Gàidhlig ullachadh.

Bhruidhinn na Buill air seo agus chaidh aontachadh fios a chur thuca.

Thuirtear DB gun robh e aig coinneamh far an do choinnich e ri riochdairean bho chompanaidhean prìobhaideach a bha air ùidh a shealltainn ann a bhith ag ullachadh Plana Gàidhlig gu saor-thoileach. Dh'aontaich na Buill gun toireadh sin togail do dh'iomairt a' chànain agus gun cuidicheadh e le bhith a' sealltainn gun urrainn don Ghàidhlig buaidh a thoirt air eaconamaidh nan sgìrean dùthchail. Dh'iarr iad air DB leantainn air leis na còmhraidhean leis na companaidhean sin.

Chaidh a mholadh gum bu chòir iarraidh air BBC Alba agus MGAlba Plana Gàidhlig ullachadh, agus thogar a' cheist am bu chòir do BhnG Plana ullachadh – bruidhnidh a' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh mun cheist sin.

3c) AMASAN ÀRD-ÌRE

Dh'fhàg MNA a' choinneamh

PT1 Colaiste a' Chaisteil

Mhol na Buill gum bu chòir don Cholaiste na ceanglaichean aca le Colaiste Earra-Ghàidheal a neartachadh.

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

Thill MNA chun na coinneimh

PT2 Comhairle Fhìobha

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

PT3 Comhairle Siorrachd Àir an Ear

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

Dh'fhàg DML a' choinneamh

PT4 Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid

Mhol na Buill gum bu chòir do na h-amasan a bhith a' cuimseachadh barrachd na tha iad air sgìrean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn agus gum bu chòir do dh'Ionad Chalum Chille Ìle a bhith an sàs sa Phlana.

Dh'aontaich na Buill ris na h-amasan àrd-ìre.

Thill DML chun na coinneimh
Dh'fhàg FD/JD a' choinneamh

PT5 Oilthigh Ghlaschu

Dh'iarr na Buill air an Oilthigh sgrùdadh comasachd a dhèanamh feuch an gabh Gàidhlig a dèanamh na pàirt de na Cùrsaichean Trèanaidh aca do Thidsearan.

Thill FD/JD chun na coinneimh

3d) COTHROMAN ÙRA DO CHULTAR NA GÀIDHLIG

Tha cothroman ann, an lùib Ro-innleachd Chultarach a tha ga dealbh airson Alba an-dràsta, gus atharraichean a mholadh a thaobh nan dòighean sa bheil cuid a bhuidhnean air am maoinachadh. Chaidh iarraidh air na Buill beachdachadh air a' mholadh gum bu chòir inbhe buidhne nàiseanta a bhuileachadh air a' Chomunn Ghàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal a bhiodh a' ciallachadh gum faigheadh iad maoinachadh a thigeadh dìreach bhon Riaghaltas uair sin. Chaidh bruidhinn air seo agus bha e follaiseach gum biodh cothroman leasachaidh is leudachaidh ann ri linn mar a bhiodh taic-airgid stèidhichte is tèarainte aig na buidhnean. Cha bhiodh aig a' Chomunn Ghàidhealach ri airgead a thogail a h-uile bliadhna airson a' Mhòid agus bhiodh sin a' ciallachadh gum b' urrainn do luchd-obrach a bhith a' cur seachad ùine ag obair air leasachaidhean is pròiseactan ùra, an àite a bhith daonnan a' dèanamh cinnteach gun robh taic-airgid gu leòr ann.

3e) AITHISG ADHARTAIS A THAOBH NA DREACHD DEN PHLANA CÀNAIN NÀISEANTA GHÀIDHLIG

Dh'inns an Ceannard do na Buill mun adhartas a chaidh a dhèanamh leis a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig. Bhruidhinn na Buill mu na cùisean a chaidh a thogail a thaobh a' Phlana Choileanaidh, agus chaidh aontachadh gum biodh barrachd sùbailteachd ann nan deigheadh a chumail mar phlana fa leth agus ghabhadh atharraichean a dhèanamh air nam biodh feum air sin. Cuiridh an Ceannard an fhreagairt aig a' Bhòrd gu RnA.

Chaidh crìoch a chur air a' choinneimh airson an latha, bha na Buill gu bhith a' coinneachadh ri riochdairean bhon choimhearsnachd ionadail na b' fhaide air an fheasgar.

.....

Bòrd na Gàidhlig

Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird

An Taigh-òsta Moorings

Dimàirt 03/10/17 09:30 – 12:30

Buill

Ailean Dòmhnallach (Cathraiche) (AD)
Dòmhnall MacLeòid (DML)
Johan Nic a' Ghobhainn (Skype) (JNG)
Seumas Whannel (SW)
Jennifer Gilmour (JG)
Fiona Dunn (FD)
Màiri Anna NicUalraig (Skype) (MNU)
Ailean Caimbeul (AC)
Màiri NicAonghais (MNA)
Joy Dunlop (JD)

A' Frithealadh:

Shona Nicllinnein (Ceannard) (SNI)
Daibhidh Boag (DB)
Mona Wilson (MW)
Pat Kenny - Deloitte (**4b a' mhain**) (PK)
Seumas Rothach (**4b a' mhain**) (SR)
Cairistiona Stiùbhart
(Geàrr-chunntas)

4 IONMHAS

a) AITHISG BHLIADHNAIL BHO CSRC DHAN BHÒRD

Bhruidhinn Cathraiche a Chomataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan, JNG, ris an aithisg aice is ghabh am Bòrd ris.

Thug i taing do dh'Iain MacLeòid, Ealasaid Nic an t-Saoir agus Faye NicLeòid airson na h-obrach fìor mhath a rinn iad agus iad nam Buill den Chomataidh Sgrùdaidh ron seo.

b) AITHISG BHLIADHNAIL & CUNNTASAN 2016-17

Chuir an Cathraiche fàilte air Pat Kenny agus Seumas Rothach chun na coinneimh.

Bhruidhnear air na prìomh molaidhean bho Deloitte, a tha mar phàirt den Phlana Ghnìomh.

Thàinig MNU a-steach chun na coinneimh aig an àm seo

Rinn an Ceannard geàrr-iomradh air an Aithisg Bhliadhnail agus na Cunntasan airson 2016-17, agus mhinich i gun deach làn aithris a dhèanamh orra don Chomataidh Sgrùdaidh agus gun robh iad gam moladh don Bhòrd Stiùiridh airson aonta.

Thog i na puingeann a leanas:

- Bha tar-chosg lom de £0.005m ann. Bha seo ri linn mar a bha tar-chosg de £0.061m sa bhuidseat airson Leasachaidhean Gàidhlig agus tar-chosg de £0.013m ann am Maoin Buileachadh Achd na Gàidhlig, agus chaidh sin a rèiteachadh gu ìre le fo-chosg de £0.069m ann am buidseat nan Cosgaisean Ruith.
- Chaidh cosgaisean a' Bhùird agus Luchd-obrach an àirde 11.3%. Thachair sin air sàillibh gun deach barrachd Bhuill fhasadh don Bhòrd agus chaidh dreuchdan bàna a lìonadh.

- Bha àrdachadh ann a thaobh thabhartasan nan Tràth-bhliadhnaichean.
- Bha lùghdachadh air cosgaisean Foghlaim is Ionnsachaidh air sàillibh chosgaisean neo-àbhaisteach airson Ionnsachadh do dh'Inbhich ann an 2015/16.
- Bha lùghdachadh ann a thaobh Planadh Corpais, air sàillibh airgead a chaidh a chosg air pròiseact Shoillse ann an 15/16.
- Bha lùghdachadh sa bhuidseat airson Prìomhachasan Ro-innleachdail a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig, air sàillibh gun deach tabhartasan GIFT a chomharrachadh sa bhliadhna seo fo GLAIF - chaidh iad sin a phàigheadh bho Phrìomhachasan Ro-innleachdail a' PhCNG air a' bhliadhna ron sin.
- B' e pàirt den adhbhar gun robh lùghdachadh air GLAIF, gun robh àrdachadh air a bhith ann an 15/16 (chaidh tabhartasan GIFT a chomharrachadh fo GLAIF an àite fo Phrìomhachasan Ro-innleachdail a' PhCNG mar a bha iad air an comharrachadh sa bhliadhna ron sin).
- Bha easbaidh nas motha ann am maoin pheinseanan BhnG. Chaidh aithisg iarraidh bhon chlàireach-urrais agus dhearbhadh sin gun robh an leudachadh san easbaidh againn coltach ris na bha a' tachairt do dh' fhastaichean eile aig an robh Sgeama Peinnsein an Riaghaltais Ionadail.
- Bha piseach mhòr air tighinn air an ùine a bha luchd-obrach dheth, le lùghdachadh bho 7.6% ann an 2015/16 gu 3% ann an 2016/17.

Bhruidhinn na Buill air an aithisg agus chaidh ceistean a thogail. Bhathar ga mheas ciallach sùil gheur a chumail air cosgaisean luchd-obrach ri linn mar a tha e san amharc an-dràsta cur às don chasg air àrdachaidhean pàighidh san roinn phoblaich.

Bhruidhinn na Buill air mar a dh'fhaodar bruidhinn ri ar roinn maoin eachaidh gus iarraidh orra barrachd airgid a thoirt dhuinn gus pàigheadh airson cosgaisean a tha a' dol an àirde. Chaidh a mholadh gum bu chòir dlùth cheangal a dhèanamh eadar cosgaisean luchd-obrach agus dleasan/toraidhean obrach ùra, me, am Plana Nàiseanta agus an Stiùireadh Reachdail, gus argamaid nas làidire a dhèanamh airson cead a bhith againn cosgaisean ruith a chur an àirde.

Chaidh iarraidh gun deigheadh atharrachadh beag a dhèanamh air an teacsa ann an Ro-ràdh na h-Aithisge Bliadhnail. Chuir na Buill aonta ris na Cunntasan agus an Aithisg Bhliadhnail leis an tuigse gun deigheadh an t-atharrachadh sin a dhèanamh. Cuiridh an Cathraiche, Cathraiche Comataidh an Fhoghlaim agus Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh aonta ris an atharrachadh air an teacsa.

Thuirt an Ceannard ris na Buill gun deigheadh an t-atharrachadh a chur an sàs cho luath 's as urrainn agus thèid na pàipearan a sgaoileadh airson ainm a chur riutha le dùil gun tèid an Aithisg Bhliadhnail fhoillseachadh aig Coinneamh de Chòmhdhail na Gàidhealtachd is nan Eilean air 30 Dàmhair san Òban.

Thug an Cathraiche taing do Pat Kenny is Seumas Rothach airson tighinn chun na coinneimh agus dh'fhàg iad a' choinneamh an uair sin.

4 c) AITHISG IONMHAIS GU 31/08/2017

Rinn an Ceannard gearr-iomradh air na cunntasan rianachd

Bha an t-sùim airson tabhartasan do dh'oileanaich nas àirde na an-uiridh, agus bhathar a' cleachdadh airgead nach deach a chomharrachadh airson a chosg ann am buidseat GLAIF airson pàigheadh airson sin. Mhìnich i gum bite ga shealltainn air an duilleig-sgrùdaidh a-nis nuair a chaidh airgead bho aon bhuidseat a chleachdadh gus pàigheadh airson tar-chosg ann am buidseat eile, gus am biodh cosgaisean dha-rìribh nam buidseatan follaiseach sa bhad. Bhiodh sin a' ciallachadh gum biodh e na b' fhasa buidseat na h-ath-bhliadhna a stèidheachadh.

Thuirt i cuideachd gun robh pròiseactan leasachaidh ann a dh'fhaodadh tòiseachadh nam biodh maoinachadh gu leòr air fhàgail aon uair 's gun deigheadh gach cosgais a phàigheadh, bhiodh na pròiseactan sin gu tric air an comharrachadh nuair a bha sinn a' còmhradh ri buidhnean eile.

Thuirt aon Bhall, gum faodadh gu bheil cuid a phròiseactan foghlaim ann a bhiodh freagarrach airson a' mhaoineachaidh seo – dheigheadh bruidhinn air a' sin aig an ath choinneimh den Chomataidh Ionnsachaidh.

Thug na Buill fa-near do na Cunntasan Rianachd.

5 FOGHLAM

COMHAIRLE SIORRACHD RINN FRIÙ AN EAR – NA THACHAIR LEIS AN ATH-THAGRADH BHO PHÀRANTAN

Thuirt MW nach deach gabhail ris an Ath-thagradh a rinn pàrantan ann an Siorrachd Rinn Friù an Ear a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig, agus bhathar ag iarraidh air a' Bhòrd beachdachadh air an ath cheum.

Bhruidhinn na Buill air an t-suidheachadh agus air na thachair gu ruige seo agus dh'aontaich iad air na leanas:

- Bu chòir coinneamh a chumail le Comann nam Pàrant gus mìneachadh dhaibh dè na dleasan a th' aig BnG a thaobh seo
- Bu chòir coinneamh a chumail le ar roinn maoinachaidh aig Riaghaltas na h-Alba gus dearbhadh cò bhios a' stiùireadh nan còmhraidhean le Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear
- Bu chòir conaltradh a chumail suas le Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear gus an tig a' chùis seo gu crìch fhreagarraich.

6 RIAGHLADH CORPORRA

a) CLAR CUNNART RO-INNLEACHDAIL

Chaidh bruidhinn air a' Chlàr-chunnartan, is mhol buill na atharraichean mar leanas:

- 15 – chaidh seo a lùghdachadh gu 8. B' e an t-adhbhar airson sin, gun robh TECNICA a-nis a' toirt Sheirbheisean FT dhuinn.
- 12 – Cunnart ùr. Bha seo ann air sàillibh cheistean a thaobh ciamar a bu chòir dèiligeadh ri atharraichean sa Churraicealam a tha ag adhbharachadh thrioblaidean do FtG. Bu chòir na buannachdan a gheibhear bhon Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach gus an iomairt airson fuasglaidhean fhaighinn a neartachadh.

Chaidh aontachadh gum faodadh nach fheum na cunnartan le sgòr nas ìsle a bhith air a' chlàr, bu chòir aire a thoirt don fheadhainn le sgòr nas àirde.

Dh'aontaich na Buill ris a' Chlàr-chunnartan.

Chaidh a mholadh gum bu chòir Clàr-chothroman a stèidheachadh. Bruidhnidh a' Bhuidheann-obrach Riaghlaidh air seo aig an ath choinneamh aca.

b) BUN-RIAGHAILTEAN NAN COMATAIDHEAN IS NAM BUIDHNEAN-OBACH ÙRA

Dh'aontaich na Buill ri bun-riaghailtean nam buidhnean-obrach. Dh'iarr an Cathraiche gun tèid notaichean bho choinneamhan nam Buidhnean-obrach a thoirt seachad aig Coinneamhan a' Bhùird.

c) DREACH GEÀRR FHUNNTASAN BHO:

PT1 – Dreachd de Gheàrr-chunntas na Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan

Thug na Buill fa-near don Gheàrr-chunntas.

PT2 – Dreachd de Gheàrr-chunntas Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig

Thug na Buill fa-near don Gheàrr-chunntas.

7 CÙISEAN CONALTRAIDH

Bhruidhinn na Buill mun aithisg a rinn an Daily Record air an tachartas, Duaisean Gàidhlig na h-Alba. Mhol iad e mar eisimpleir mhath de mheasadh air tachartas conaltraidh. Chaidh a mholadh gum faodadh bhidiothan a thèid a dhèanamh aig an tachartas a bhith air an sealltainn, agus sin a rèir cò leis a tha na còraichean.

Thug an Ceannard geàrr-chunntas seachad air na tachartasan sam biodh BnG an sàs aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Loch Abar. Chaidh a mholadh gum bu chòir bileagan “Thig a Theagasg” a bhith rim faighinn agus gum faodar feum a dhèanamh de Bhrathan-naidheachd gus Foghlam tron Ghàidhlig a chur air adhart.

8 GISBE

Chaidh bruidhinn air an taisbeanadh a rinn SMO do Chomataidh Cleachdadh na Gàidhlig san Lùnastal agus aontachadh an Ceannard agus an Cathraiche cuin a nì riochdairean bho SMO an taisbeanadh don làn Bhòrd.

Chaidh a mholadh cuideachd gum bu chòir Geàrr-chunntas air an rannsachadh a rinn Soillse sna h-Eileanan Siar a bhith air fhaotainn mus tèid an rannsachadh sin fhoillseachadh.

Nuair a choinnicheas am Bòrd Stiùiridh ann an Inbhir Nis aig an ath choinneimh aca bidh cothrom aca coinneachadh ris an luchd-obrach.

Chaidh crìoch a chur air a’ choinneimh agus thug an Cathraiche taing don a h-uile duine a bha an làthair.

9 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH

Thèid an ath choinneamh a chumail ann an Inbhir Nis air 6 is 7 Dùbhlachd.